




# Hansel agus Gretel



Air ath-innse le Margaret Nash • Dealbhan le Karen Taylerson

SANDBANK PR  
SANDBANK

# Hansel agus Gretel



Air ath-innse le Margaret Nash  
Na dealbhan Kären Taylerson  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



## Caibideil 1

Bha siud ann aon uair coilltear bochd.  
Bha dithis chloinne aige, Hansel agus Gretel.  
Bha an coilltear measail air a' chloinn, ach  
cha robh am muime idir coibhneil riutha.  
Cha bu toil leatha Hansel agus Gretel idir.



2




Aon latha thuirt an coilltear ri bhean,  
“Dè nì sinn? Chan eil airgead againn agus  
chan eil mòran bìdh againn.”  
“Nach cuir sinn a' chlann air falbh ma-thà?”  
ars a bhean.  
“Cha chuir idir,” ars an coilltear.  
Ach aon latha, an dèidh mòran argamaid,  
thuirt e, “Cuiridh.”

3

An oidhche sin fhèin chuala Hansel a mhuime ag ràdh rin athair, "Bheir sinn a' chlann a-steach dhan choille agus fàqaidh sinn an sin iad."

Dh'èirich Hansel às an leabaidh agus chaidh e gu sàmhach a-mach dhan ghàrradh. Chuir e tòrr chlachan beaga geala na phòcaid.



4



5

An ath latha mus do dh'èirich a' ghrian, dhùisg am muime Hansel agus Gretel.

"Èiribh," ars ise. "Feumaidh sibh falbh còmhla rinn a dh'obair sa choille an-diugh."

Thug i dhaibh beagan chriomagan arain.

Dh'fhalbh iad uile air an rathad dhan choille.  
Cha b' fhada gus an do stad iad agus thog iad  
teine. "Suidhibh aig an teine agus ithibh an  
t-aran," thuirt am muime.

"Tha ur n-athair a' dol a ghearradh fiodh agus  
tha mise a' dol còmhla ris. Thig sinn air ais  
gur n-iarraidh feasgar."



6



Bha Hansel agus Gretel cho sgith 's gun do thuit  
iad nan cadal.

Chaidil agus chaidil iad.

Laigh a' ghrian agus dh'èirich a' ghealach.  
Nuair a dhùisg Gretel chunnaic i gur e an  
oidhche a bha ann.

Dhùisg i Hansel.

"Ò, Hansel," thuirt i, "cha tàinig duine air ais  
gar n-iarraidh."

"Coma leat," arsa Hansel. "Lorgaidh sinn  
an rathad air ais. Chomharraich mise  
an t-slighe le clachan. Leanaidh sinn  
dhachaigh iad."

7

Mar sin lean Hansel agus Gretel na clachan  
geala gus an do ràinig iad dhachaigh.

Bha an athair toilichte gun do thill iad ach bha  
am muime mì-thoilichte.

“Sa mhadainn tillidh sibh còmhla rinn a  
ghearradh tuilleadh fiodh,” thuirt ise.




## Caibideil 2

An oidhche sin dh'fheuch Hansel ri faighinn  
a-mach a dh'iarraidh tuilleadh chlachan geala,  
ach chan fhosgladh an doras dha.

“Ò, uill,” ars esan, “feumaidh mi criomagan arain  
a leagail air an rathad gus an lean sinn iad.”






An ath latha mus do dh'èirich a' ghrian, dhùisg am muime Hansel agus Gretel.

“Èiribh,” thuirt i. “Tha an t-àm agaínn falbh dhan choille.”

Thug i dhaibh criomagan arain.

An turas seo chaidh iad fada a-steach dhan choille.

Choisich iad gus an robh na craobhan cho àrd agus nach fhaiceadh Hansel agus Gretel an t-adhar. Chaidh iad na b' fhaide agus na b' fhaide a-steach gus mu dheireadh nach cluinneadh iad fiù na h-eòin a' seinn.





An uair sin stad iad agus thog iad teine.  
 “Suidhibh aig an teine agus ithibh an t-aran,”  
 thuirt am muime.  
 “Tha ur n-athair a’ dol a ghearradh fiodh  
 agus tha mise a’ dol còmhla ris.  
 Thig sinn air ais gur n-iarraidh feasgar.”

Bha Hansel agus Gretel cho sgìth is gun do  
 thuit iad nan cadal.  
 Chaidil agus chaidil iad.  
 Laigh a’ ghrian agus dh’èirich a’ ghealach.  
 Nuair a dhùisg Gretel chunnaic i gur e an  
 oidhche a bha ann.  
 Dhùisg i Hansel.  
 “Ò, Hansel,” ars ise, “cha tainig duine  
 gar n-iarraidh.”  
 “Coma leat,” arsa Hansel. “Lorgaidh sinn an  
 rathad dhachaigh. Leanaidh sinn na  
 criomagan arain a chuir mise air an rathad.”





Choimhead Hansel agus Gretel airson nan  
criomagan, ach cha robh iad ann.

“Feumaidh gun do dh’ith na h-eòin iad,”  
arsa Gretel gu brònach.

“Feumaidh sinn fhèin ar slighe a lorg,”  
thuirt Hansel.

Chùm Hansel agus Gretel orra a’ coiseachd agus  
a’ coiseachd ach cha b’ urrainn dhaibh an rathad  
dhachaigh a lorg.



### Caibideil 3

An ceann greis chunnaic iad taigh.

Ruith iad suas thuige.

“Ò, seall, Hansel,” arsa Gretel. “Tha an taigh  
seo air a dhèanamh le aran-cridhe.

Tha suiteis ann cuideachd agus tha na  
h-uinneagan air an dèanamh le siùcar.”





Sa mhionaid sin dh'fhosgail doras agus thàinig cailleach a-mach.

“Tugainnibh, a chloinn. Thigibh a-steach,” thuirt i.

“Cha dèan mi cron sam bith oirbh.”

Chuir i Hansel agus Gretel nan suidhe aig bàrd agus thug i dhaibh bonaich agus bainne. Sheall i dhaibh an uair sin dà leabaidh bheag le siotaichean geala.

An oidhche sin chaidil Hansel agus Gretel anns an dà leabaidh bhig cho toilichte ris an rìgh.

Ach sa mhadainn nuair a dhùisg iad, thug a' chailleach Hansel a-mach agus chuir i ann an cèidse e.

“Fuirichidh tu an sin gus am fàs thu reamhar, agus an uair sin ithidh mi thu,” thuirt i.

“Ò, chan ith,” dh'èigh Gretel.

Dh'fheuch i ris an doras fhosgladh ach cha b' urrainn dhi.






A h-uile latha bha aig Gretel ri biadh  
a thoirt gu Hansel.

“Tha mi airson gum bi e reamhar,” dh’èigh  
a’ chailleach.

“Bheil thu gam chluinntinn? Reamhar, reamhar,  
reamhar!”

A h-uile latha, nuair a bha Hansel air a bhiadh  
ithe, bha i ag iarraidh air a chorrag  
a chur a-mach às a’ chèids gus am fairicheadh  
i an robh e a’ fàs reamhar. Ach cha robh  
a’ chailleach a’ faicinn ro mhath agus an latha  
ud ’s ann a chuir Hansel a-mach cnàmh circe  
an àite a chorraig.





An ceann greis dh'fhàs a' chailleach sgìth  
a' feitheamh gus am fàsadH Hansel reamhar.  
"Tha mi a' dol ga ithe an-diugh ged nach eil e  
uabhasach reamhar," thuirt i ri Gretel.  
Theasaich a' chailleach an àmhainn. Dh'fhuirich  
i gus an robh an àmhainn gu math teth.  
"A-steach an sin thu," thuirt a' chailleach  
ri Gretel. "Innis dhomh a bheil an àmhainn teth.  
Siuthad, gabh a-steach."

Ach bha Gretel gu math gleusta. Bha fios glè  
mhath aice dè bha a' chailleach a' dol a  
dhèanamh. Thuirt Gretel, "Feumaidh sibh  
sealltainn dhomh mar a nì mi sin."

Cho luath 's a chuir a' chailleach a ceann dhan  
àmhainn, thug Gretel ùpag mhòr dhi agus dhùin i  
doras na h-àmhainn.

"Siud a' chrìoch agadsa," thuirt Gretel.





Ruith Gretel a-mach às an taigh.  
“Hansel, Hansel,” dh’èigh i.  
“Rinn mi a’ chùis air a’ chailllich.”  
Dh’fhosgail i a’ chèidse agus leum Hansel  
a-mach, agus chuir e a ghàirdeanan timcheall  
air Gretel.  
“Tapadh leat, nach math a rinn thu!”  
arsa Hansel.  
“Tha sinn sàbhailte mu dheireadh thall.”

Ruith Hansel agus Gretel air ais a-steach  
dhan taigh agus an sin ann an oisean lorg iad  
ciste làn sheudan.

“Ò, a Ghretel,” arsa Hansel, “nach sinn a  
bhios beartach. Nach seall thu na th’ ann.”  
Lìon iad am pòcaidean le seudan agus ruith  
iad a-mach às an taigh agus air ais dhan  
choille.



Ruith agus ruith iad tro na craobhan àrda gus an do ràinig iad taigh an athar.

Ruith iad a-steach dhan taigh agus chuir iad an gàirdeanan timcheall air an athair.

Bha esan cho toilichte am faicinn a-rithist.

Ach am muime – cha robh i ann. B' fhada on dh'fhalbh ise.

Sheall Hansel agus Gretel na seudan uile dhan athair.

“Nis, bidh sinn beartach,” thuirt iad rin athair.

“Agus bidh sinn uile toilichte cuideachd,”  
thuirt esan.



Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ  
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND  
IBADAN JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE  
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO

© Margaret Nash 1997

A' chìad fhoillseachadh 1997  
A' chìad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2005

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004, 2003  
10 9 8 7

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatann  
Gheibhearr clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatann.

Tha Margaret Nash a' deasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhualite le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 644 9